






R3. C. 434(1-4)



D A N

S P I O R A D A I L

LE

PARUIG GRANND,

ANN AN STRATH-SPEA,

AM FAGUS D'A BHAILE NAN GRANNDACH.

-
- Ps. cxxxix. 5.—Seinnidh iad ceol ann slighibh ИЕHOВНАН, 7
Ephes. v. 19.—Le salmaibh, le oran', 's le laoidh'bh; 41
Ps. lxxxix. 1.—'S le beachd air a mhorachd, 'us seinn air a throcais, 2
Ps. cxix. 113.—Ni e smuaiteanan feolmhor a chlaoidh.—
-

31

36

40

44

INBHIRNEIS:

GLODH-BHUAILT LE OIGHRIBH EOIN YOUNG,

AIR SON AN UGH DAR.

1815.

1810

WILSON & DALL

WILSON & DALL

WILSON & DALL

WILSON & DALL

WILSON & DALL

WILSON & DALL

WILSON & DALL

WILSON & DALL

1810



AN CLAR INNSIDH.

Aireamh.	Taobh duilleig
1.—GRADH m' Fhir-Shaoraidh,	5
2.—Gcalladh an t-Slanuigh-fhear,	7
3.—Eifeachd am fuil an Uain,	11
4.—Buachaillean Israeil,	13
5.—Calbhari,	17
6.—Coigrich.	21
7.—An Dachaigh Bhuan,	22
8.—An Deadh Shaighd-fhear,	23
9.—An Turus,	31
10.—Garadh Edein,	36
11.—Oran Gaoil,	40
12.—Truaigh Shiorruidh,	44
13.—Staid Naduir,	4

AN ATLAS OF THE

Table of Contents

1	General Introduction
2	Physical Geography
3	Political Geography
4	Historical Geography
5	Statistical Geography
6	Comparative Geography
7	Geographical Names
8	Geographical Maps
9	Geographical Tables
10	Geographical Index
11	Geographical Glossary
12	Geographical Bibliography
13	Geographical Notes
14	Geographical Appendix

DAN SPIORADAIL.

Gradh m' Fhir-Shaoraidh.

'S e Gradh m' Fhir Shaoraidh a bhios na cheol domh,
'S ann air bu choir dhomh bhi deanamh sgeul ;
Fa n' se thug coir dhomh, le fhuil a dhortadh,
Air saorsa ghloirmhoir a chloinne fein :
'S e sud an t-oran a 'bheir dhomh solas,
Cia fhad 's is beo mi 'sa chruinne-che ;
'S 'nuair theid mi dhachaigh, a' gleann nan deoir so,
'S e sud mo cheol anns an t-saoghal chein.

Ge d' tha mi taireal a' measg mo chairdibh,
Thaobh 's gur ann dhasan a thug mi speis ;
Mar thubhairt Job, tha m' Fhear-Saoraidh beo,
'S tha mis' an dochas gu 'm faic mi e :
Tha mi 'n dochas a dhol na chomhdhail,
Anns na neoil, 'nuair a thig e fein ;
'S ni 'n sealladh mor sin, dheth aghaidh ghloirmhor,
Na h-uile bron a chuir uam, 'us deur.

Tha doimhne' us aird' ann an gradh an t-Slanuigh-
fhear,
Nach gabh aireamh, na cuir an ceill ;
Ach chi sinn moran 'na bhreith, 's 'na bhas deth,
'Us chi sinn pairt deth 's na h-uile ceum :
Chi sinn e tighinn o staid co arda,
'S gur ann dasan bha ainghlean De—
A' deaneamh aoraidh, le an anamaibh crabhach,
'S an aghaidh sgail air le 'n sgiathaibh fein.

Ach rinn e mhorachd' 's a ghloir sin fhagail,
 'Us 's ann a dh'fhas e na dhuine truagh;
 Bha 'n Ti a b' aird' air a bhreith 's an stapul,
 An t-ait' bu taireal a' measg an t-sluaigh;
 Cha 'n ann le morchuis a fhuar e arach,
 Cha 'n ann le ailleas chaidh thogail suas;
 Bu duine craiteach o bhreith gu bhas e,
 Cha 'n fhac iad aillteachd air bith na ghruaidh.

Bu duine bronach air ioma' doigh e,
 O 'nuair a thoisich a thurus sgith;
 Air son a ghraidh thug iad fuath gu leor dha,
 'S bha iad 'ga fhogradh o thir gu tir;
 Bha na h-Iudhaich gu dlu an toir air,
 A chum a leonadh, 's chuir fo chis;
 Fa n' bha dorchadas air an cnodach,
 Is gu 'm-b' e ghloir-san an solas fìor.

Cha d' rinn e tair air an dream bha ard dhiu',
 Ach thug e 'n ait' dhoibh, 'us phaigh e cis;
 air na sraidibh cha chual iad ard e,
 nuair fhuar e chaineadh, cha d' chain e ris;
 le meud a ghairdeachas ann ar slainte,
 Chuir e an naire ann an neo-bhrìgh;
 'S le meud a ghraidh dhuinn' ghabh e ar naduir,
 A chum ar tearnadh o 'n t-slochd a b' isl'.

Anns a cheart naduir 's na pheacaich Adhamh,
 'Nuair thug e 'm bas air a shliochd gu leir,
 'S ann rinn an Slan' fhear gach ni 'n ard deth,
 'S an lagh rinn ardach' le umhlachd fein;
 'S a chum ar tearnadh o chumhachd bais,
 Leig e' bheath' bhan, a' deanamh 'n ard na reit';
 'S a chum a bhrath' rean a thoirt gu Pharras,
 D' fhuiling e 'm bas air a chranna-cheus.

O sibhs, a thanaig a dh' ionnsuidh fhabhar,
 Fa'n 's e a bhas rinn ar tarruing dlu ;
 Seallaibh 'n arda ri Sliabh Chalbhari,
 'S chi sibh a ghradh ann an solus ur ;
 Cha 'n e na sgailean bh' aig Maois 's an fhasaich,
 Tha 'n t-uan-caisg' air a chuir air cull ;
 'S tha 'n Ti ag basach' rinn subhach Daibhidh,
 'S a bh' aig na faidhean am beachd an suil.

Chi sibh 'n caramh tha air an t-Slan'-fhear,
 Mar dh' innis Daibhidh gu'm biodh a chuis ;
 Tha tairbh Bhasan air tionail lamh ris,
 'Us iad 'ga shathadh 's na h-uile taobh ;
 Gach neach a dheirich, bha deanamh sgeul air
 Rinn iad an treigsinn, 's an cuir air cull ;
 'S Uan-De aca nis 'ga reubadh,
 'S e 'n deigh cheusaidh, 's 'ga chuir san uir.

Ann an uir chuir iad Rìgh nan duill,
 Gun aon duil ri e thighinn beo ;
 Ach an leomhan do threubh Iudaidh,
 'S ann a dhuisc e le cumhachd mor ;
 Dh'fhag e 'n naimhdean 'us cinn bhruit ac',
 Air a chull-thaobh nan luidh leoinnt' ;
 Thog e 'n uachdranachd air a ghuailibh,
 'Us chaidh e suas, 's ann a dhionnsuidh gloir.

Gealladh an t-Slanuigh-fhear.

Is iongantach co grasmhor,
 'S tha Slanuigh-fhear nam buadh ;
 Cha 'n eil nith ni Sta dhoibh,
 Nach d' phairtich e ri shluagh ;

Ge d' nach do gheall e saibhreas,
 'Thoirt dhoibh an taobhs' do 'n uaigh;
 Gheall e sith 'us aoibhneas dhoibh,
 'S an oighreachd a ta Shuas.

'S e gheall e ann na fhirinn—
 Do na fireanaibh gu leir,
 Gur ann trid ioma' trioblaid,
 Theid iad 'stigh do rioghachd Dhe;
 Ach annam-sa bithidh sith agaibh,
 Deir Josa riu le bheul;
 'S ge d' dhean an Saoghal fair oirbh,
 Cha 'n fhag mi sibh, 's cha treig.

Bithidh fuath nan uile dhaoine dhuibh,
 'S cha 'n iongnadh ge do bhi;
 'Bhrigh gur ni ro fhaon leo sibh—
 Bhi leanmhuinn aobhar Chrìosd;
 Ach' mheud 's gur mis' thug saorsa dhuibh,
 'S nach ann deth 'n t-saoghal sibh;
 Ni iad tric 'ur canadh dh'fheuch—
 An aicheaidh sibh 'ur Rìgh.

Ach iad-san uil' a dh' aicheas mi,
 'En lath'r an t-sluaigh gu leir;
 Cha'n fhaigh iad coir, 's cha'n airidh iad,
 Air pairt dheth rioghaehd Dhe;
 Nuair thig mi ris le gairdeachas,
 Chum slaint' do m' mhuinntir fein,
 Bithidh mis' an sin 'ga 'n aicheadh-san,
 An lathar ainghlean Dhe.

Co'r bith a dhiarras fabhar orm,
 S nach gradhaich mi ni 's mo—
 Na athair, 'us a mhathair,
 A chlann, 'us a mhnaoi phosd'.

Cha'n aidich mis' os aird' e,
 An lathar Rìgh na gloir;
 Mar tog e a chorrann-ceusaidh,
 'S mo leanmhuinn fein gach lè.

Ach sibhs' a lean gu dilis mi,
 Le cridhe fìor gun gho;
 A threig gach ni bha priseal leibh,
 'S a chuir fuidh chis an fheoil;
 Ma ghluaiseas sibh 's an fhirinn,
 Bithidh 'ur sith mar abhainn mhor;
 'S le buanachd chum na criche dhuibh,
 Theid sibh do rioghachd na gloir.

Na dibiribh 's an fhasach so,—
 Mo ghras a chuir an ceill;
 Innsibh anns gach aite, gun
 Do bhasaich aon Mhac Dhe;
 Thugaibh gu saor do chach uaibh,
 An ni thug slaint' dhuibh fein;
 'S ma chreideas iad 's an t-slanuigh-fhear,
 Cinnt, rinn e 'n aird an reit.

An aithn' nuadh a dh'fhag mi dhuibh,
 Is aill leam cuir an ceill;
 Gu 'n aithnich iad mo chairdean-sa,
 Le meud an graidh d' a cheil;
 Coimhlionaibh nis mo ghairdeachas,
 Gu 'm bi sibh ghnath gu reidh;
 'S bithidh mis' ag ullach' aite dhuibh,
 A stigh am Pharras De.

Ge d' tha sibh lag, cha churam dhuibh,
 'S bhur suil ri Rìgh na gloir;
 'S laidir air 'ur cull-thaobh mi,
 'S mo ghradh dhuibh ur gach lè;

Na h-uisgeachan cha mhuch iad sibh,
 Ge d' dhuisc na tuinn gu mor ;
 'S an teine cha dean ciuradh oirbh,
 Bithidh sibh 's an fhurnais beo.

Ni beagan laithean doruinneach,
 Bhur toirt gu solas buan ;
 Slan le luchd an fhoirneart,
 Tha bhur dochas re dol suas ;
 Bheir mi trid ghleann nan deoir sibh
 Mar cheannard seolt' do m' shluagh ;
 'S bheir mi thar abhainn Iordain sibh,
 'Ga 'r comhlach' aig a bhruach.

'N sin toisichidh neo-bhasmhorachd,
 'S thig slainte o mo ghnuis ;
 'S gheibh sibh, chum 'ur gairdeachas,
 Gu brath bhi' seinn mo chliu ;
 Bheir mi le m' lamh, gu fabharach,
 Na deoir bharr 'ur suil ;
 'S tha leigheas anns an aros sin,
 Ni slan an cridhe brùit'.

Cha chluinn sibh bron, no eigheach ann,
 No bas, no pein, no caoidh ;
 'S cha 'n iarr sibh solus greine ann,
 Gu feuchainn air gach taobh ;
 Bithidh 'n Ti 'ta uile-leirsinneach,
 E fein na sholus dhuibh ;
 'Us ni a lath'rachd aoibhinn sibh,
 'S bithidh ghradhs' 'n 'ar beul a chaoidh.

Ehi sibh 'n sin an aireamh
 Dheth na brath' rean a thug buaidh,
 Air tionail as gach aite ann,
 O 'n airde-deas 'us tuath ;

'Nuair bheir e stigh d' an aros sin,
 Na traillean bha co truagh;
 Nach iongantach co grasmhor,
 'S a ta Slanuigh-fhear nam buagh!!!

Eifeachd am fuil an Uain.

O! 's ann tha 'n eifeachd am fuil an Uain,
 Chum ar n-eacarta ghlanadh uainn';
 Ach 's bochd an sgeul a ta nis ri leubhadh,
 Nach eil speis d' i do reir a luach.

Tha daoine gorach air sheol na dha,
 Nach aill' leo 'n dochas a chuir 'na blas;
 Theid iad an di le bhi dhiobhail eolais,
 Air 'n fhuil chaidh dhortadh a chum ar slaint'.

'S an dream thug speis da, cha dean iad uail,
 Fa 'n 's e chaidh cheusadh an ait' a shluaigh;
 Cha 'n ann diu' fein a fhuar iad an reite,
 Ach leis an eifeachd bha 'm fuil an Uain.

'S e fein do'n eiginn an cumail suas,
 'Nuair thig deuchainnean iomadh huair;
 Tha mheud deth thruailleachd a ghna' mu'n cuairt
 doibh,
 'S nach faigh iad buaidh ach le fuil an Uain.

Tha daoine saoghalt' an gaol gach uair,
 'S am air na caoraich, a thaobh o'n Uan;
 'S tha 'n leomhan beuchdach a ghnath aig saorach',
 Dh' fheuch' co dh'fhaodas e shlugadh suas.

O, fanaibh dlu, chum 's nach dthoir e buaigh ;
 Na tugaibh geill da, 'us theid e uaibh ;
 'S a shaighdean teinnteachr ni sibhse mhuchadh,
 Fa 'n rinn sibh cumhnant le fuil an Uain.

O, bithibh laidir le airmeachd Dhe,
 'Us creidimh slainteal agaibh mar sgéth ;
 'S 'nuair bhios an namhad ag iarraidh fath oirbh
 Le cainnt an t-Slanuigh-fhear dunaibh bheul.

'Nuair bhios e feoraich an bheil sibh sgith,
 Innsaibh dha gu'n do bhasaich Criosd ;
 'S gu 'm bheil gu leoir ann na fhuil chaidh dhortadh,
 'S gu 'm bidh bhur dothas ann h-uin na crich.

'N sin thig e 'n cairdeas, 'us their e ribh,
 Gur sibhs' an aireamh tha 'm fabhar Dhe ;
 'Us ge do ghluaiséadh sibh nis mar 's aill leibh,
 Gu 'm bith sibh tearuinnte feadh gach re.

Ach innsibh dha, gur iad cairdean De,
 Aig am bheil aitheanta, 's a ni do 'n reir ;
 An dream nach aichaidh 'n lathair an t-sluaigh e,
 'S a leanas 'n t-Uan ge bith taobh a theid.

'Se cuilbheart Shatain bhi laidir, treun,
 Tha fagail cairdean gun ghradh d' a cheil ;
 Feuchaidh se failligeán dhoibh s' na brath'raibh,
 Dhfeuchainn 'n tair e an cuir o cheil !

O ! 's ann tha 'm feum air bhi caithris buan,
 'Sa ghná' bhi 'g eigheach ri Righ nan sluagh ;
 Oir cha'n eil ní chumas duintt ri cheil iad,
 Mar dean an eifeachd tha 'm fuil 'm Uain.

Ach trid an Ti thug an t-sith mu'n cuairt,
 Cha'n eil ni anns nach faigh iad buaidh;
 Co dhiteas, no leagas sios iad?
 'S fear coimhid Israeil'ga'n cumail suas.

Air feadh na fasaich 's e fein an cull,
 Oir tha iad dha mar tha cloich a shuil;
 'S tha ghealladh grasmhor nach dean e 'm fagail,
 'Nuair thig am bas gu 'n toirt h-uin na h-uir.

Trid ghlinn a bhais bios e ghnà nan coir,
 Gus an sabhalair iad fadheidh;
 'S am bi iad tearuinnte o gach namhad,
 Anns a Chanaan tha lan deth ghloir.

'S 'nuair bhios iad thall o na h-uile truaigh,
 'S ag cuir an ceill co thug dhoibh a bhuaidh;
 Cha bhi h-aon nach cuir ris a sheula,
 Gur ann bha 'n eifeachd am fuil an UAIN.

Buachaillean Israeil.

'S e thuirt an t-ard bhuachail, tha shuas ann an gloir,
 Dh' fhag mi mo chaoraich ann 'n saoghail nan deoir;
 Cheannuich mise gu daor iad, bha m' ghaol doibh
 co mor,

'S mar bhith gu'n d'rinn mi 'n saoradh cha d'fhaod
 iad bhi beo.

Nis gheibh iad an durachd mar diult iad dhomh geill,
 Gheibh iad buachaillean iulmhor a stiuras an treud;
 Ni 'm beath'chadh an comhnuidh le beo-aran o
 neamh,

'S dhoibh a theagaisgeas eolus air Orduighean Dhe.

Aithnichidh sibhse na buach'lean a fhuar dheth na
ghras,

'S e 'n toil-inntinn gu buan bhi toirt luaidh air na
bhas;

Cha chunnt iad ach suarach gach cruaidh-dol'us ca
Fa 'n tha 'n suil ris an duais o na bhuachail is aird.

Chaidh mo chaoraichs' air chall air na beanntaibh
gu leir,

'S rinn luchd-faire dall moran call air mo threud;
Ach na buachaillean seolta, fhuar eolus uam fein,
Bheir iad dh'athaigh do m' chro iad, le seoladh m
bheil.

'S 'nuair gheibh iad 's a chro iad, 's e 'n solus gu leir
Bhi beath 'chadh, le eolus gach seors' th' ann 'san
treud;

Cuid le fìor-bhainneblath, mar tha 'n naduir amfeum
'Us cuid la biadh laidir, 'nuair dh'fhasas iad treun.

Cha bheathaich mo chaoraichs' air plaosgain gun sta.
'S ri teagasg mi-naomha cha taobh iad gu brath;
Cha 'n urr' iad bhi beo, mar bhios moran deth chach,
Fo eisdeachd an t-seorsa tha gun eolas air gras.

Cha 'n iarr mo chuid buach'leansa buanachd dheth
'n treud,

No bhi nan daoine saibhir os cionn oighreachd Dhe;
Ach le cridheachaibh deonach, dol romp' anns gach
ceum,

'S ag iarraidh Rìgh na gloir bhi 'ga 'n seoladh na 'm
feum.

'N an codal, 's nan duisg, 's e 'n curam do ghnath,
Bhi neartach' nan gluinean a ta lubadh gu lar;
'S nithean tha bruite bhi 'ga 'n dunadh anaird,
Le leighisibh as ur a thig o ughdair nan gras,

Ach buach' llean gun churam, a leig dhiu bhi ri feum,
'S a' sealltainn mu 'n cuairt air son buannachd
dhoibh fein;

Chuir iad fein agus Satan an aird le cheil,
'S ma fhuar iads' an tuarasdail, fhuar eis' an treud.

Tha 'm faidh Esaias a' doll dan' air an cliu,
Buachaillean dall, 'us coin bhalbh thuirt e riu;
Coidlidh iad samhach, gun eolas, gun iull,
'Us tabhannaich cha dean iad air beul no air cull.

Tha 'm faidh Ieremias a ris cuir an ceill,
Nach eil buachaillean Israeil dileas do 'n treud;
Leigheis iad gu h-aotrom gach aon bha fo chreuchd,
Le sith thoirt do dhaoine gun naomhachd d'a reir.

Tha 'm faidh Eseciel, d' a reir 's mar bha cach,
A' dearbhadh a m' bheusan, le reusan no dha;
Gheall iad, le 'm breugan, d' an eacoireach slaint',
'S a h-aon cha robh pilltinn o inntinn a bhais.

'S 'nuair thainig an Slanuigh-fhear a bhan anns an
fheoil,

Dhinnis e mu'n deithinn, e fein agus Poll;
Thig iad an eudaidd, chaorach gu daoine thoirt leo,
Ach 'smadaidh-allaidh ghargiad a mharbhas gu leoir.

Bu choir do chinn-iul bhi ag stiuradh an treud,
'S an teagasg bhi 'ga 'n urach', mar dhriuchd air an
fhear;

Ach tha 'n dream ud gun churam, neo-iulmhor iad
fein,

'S tha Peadar agus Iude toirt an cliu dhoibh d'a reir.

Is tob'raichean deothach, 'us' neoil iad gun uisg'
 Garbh thonnain beucach nach geill, 's nach gabh fois'
 Ruith iad an slighe Chain, gun ghradh mar bha eis'
 'S tha inntinn Bhalaim do ghnath dol nan cois.

Ach buachaillean mo ghaol-sa, tha saorach' gach la'
 'S tha beathachadh mo phobuill aig topair na slaint'
 Tha seolladh mo shluaigh air na cluaintean is fearr'
 'S nach deantair air a h-aon air na Shaoraich mo ghras'

Ge d'gheibh iad ioma' sarach' o chach anns an fheoil'
 Bithidh iadsan am Pharras, bithidh cach ann am bron'
 Theid iad h-uin a bhais, deanamh gairdeachas mhor'
 'S 'nuair thogas iad an cinn, bios iad seinn ann an
 gloir.

'Nuair thig iatha mor a chuairtich, bithidh uamha'
 air cach ;
 Ach eiridh mo bhuch' lleans' a' deanamh luathghair'
 Gheibh iad airson duais, mar chrùn uail ann am la,
 An dream bha le 'n seol' air an treorach' gu slaint'.

Ach eirdh na cinn-iul a bha stiureadh nan dall,
 Dh'fheuch an aidich Rìgh nan dull iad, 's nach cunn'
 e an call ;
 Ach ni deallradh a shuilean an sgiursadh air ball,
 Gu teine nach gabh muchadh, gun duil ri tighinn
 an nall.

'S 'nuair thionndas iad, chi iad na firein gu leir,
 'Us chi siad mo chipearan a' libhrig an treud ;
 'S air an deanamh sgiambach le h-ionmhaigh mhic
 Dhe,
 Chum deallradh gu siorruidh mar ghrian' anns an
 speur.

Calbhari.

'S tric mi smuaineach, 's mi m' aonar,
 Gu 'm bheil an saoghail so truagh;
 'S ioma' bron 'tha ri fhaotainn,
 Air an taobh so do 'n uaigh;
 Feumaidh oighreachain neimh,
 A dhol trid dheuchainnean cruaidh;
 Ma 'n ruig iad an oighreachd,
 'Sam bheil aoibhneas bith-bhuan.

Ach tha aon ni 'ga 'n leonadh,
 Gu 'm bheil an comhnuidh 's gach uair,
 Mar bha Lot ann an Sodom,
 A' faicinn doi-bheart an t-sluaigh;
 A' faicinn cairdean, 's luchd-eolais,
 Agus moran co truagh;
 'S gur e bhi toileach' na feola,
 An ni sonruicht' tha uath.

Ciod a dhitheas, ciod a dholas,
 Ciod bheir solas an traths?
 Ciod ni sgiamhach an fheoil duinn?
 'S e tha moran aig radh;
 Cuid le aithir 's le sugradh,
 Caithidh 'n uine gun sta;
 'S iad a ghnath co beag curam
 Ris na bruitean gheibh bas.

Nuair a chuimhn'eas mi 'n caramh,
 'S tric a dh'fhag e mi sgith;
 'S tric a mhill e mo ghaird'chas,
 Nuair a b'fhearr bhiodh mo shith;

Daoine truagh bhi nan trailleann,
 Aig an namhad fo chis;
 'S fearr leo strìochdadh do shatan,
 Na bhi nan cairdean do Chrìosd.

Cha 'n eil nan obair ach trailleachd
 'S cha'n eil ach bas ann nan duais;
 'Us iad fo chorruch an Ard-Rìgh,
 Fa'us ann dhas' thug iad fuath;
 Sliochd ceannairceach Adhaimh,
 'S bochd an caramh r'a luaidh;
 Ach tha mheud 'sa fhuar tearnadh,
 Ann am fabhar an Uain.

'Nuair a leubhas mi 'm Piobull,
 Gheibh mi sgrìobht' anns gach ait',
 Gu'm bheil iad sud, leis an fhirinn,
 Air an dìteadh ma thrath,
 Dh' fhag na Scriptuìrean shìos iad,
 Mar Inhd di-mheas air slaint';
 'S mar beirear a ris iad,
 'S e sud is crìch dhoibh—am bas.

A dhuine thruaigh, tha'n staid natuir,
 'S nach eil am fabhar ri Dia;
 Tha thu leanntuinn nan sgail' sin,
 A chaoidh nach sasuich do mhiann;
 'S cha toir lagh nan deich' aitheantan,
 Dhuitse tearnadh, no dìon;
 As eugais umhlachd 's gach pairt deth,
 Cha d'thug e slaint' do neach riamh.

Ach ma 's e slaint' tha thu 'g iarraidh,
 Ruig na briathean 'ta sgrìobht';
 Tar as o Shinai tha fiadhach,
 'Us teich gu Sliabh Chalbhari;

'N sin chi thu ceartas 'ga riarach';
 Agus Dia a' deanamh sith;
 'S Mac a ghaoil toirt lan dioladh,
 A' chum ar dion o' dhol sios.

Chi thu 'n sin air a' cheusadh,
 An t-aon eiric a bh' ann;
 'N neach a ghiulan ar ea-ceartan,
 E fein air a chrann;
 Feuchaibh' lotan, 'sa chreuchdan,
 Gu'n d'thug e speis do na chlann;
 'S feuchaidh cumhachd as-eiridh,
 Gur EIS, E FEIN, a bha ann.

So am Prionns', so 'n Slanui'-fhear,
 So Inmanuel fein;
 So carraig nan alltain,
 'S an daingneach laidir ri feum;
 So an Ti tha toirt slainte,
 Do shiol Abr'aim gu leir;
 'S an dream a dhol as a lanachd-s',
 Bithidh iad tearruinnt' gach re.

Sibhse tha caithidh bhur stòrais,
 A' ruith nan solasan faon;
 Thigibh nis, agus olaibh
 De 'n uisge bleo tha gu saor;
 'S biadh gu firinneach m' fheoilse,
 Deir Rìgh na gloire ri daoine;
 'S as abhainn lan de gach solas,
 An fhuil chaidh dhortadh a' thaobh.

O, Sibhse tha ri saothar,
 Thigibh, 's aomaidh 'ur cluas;
 Cha 'n eil ni tha o dhaoine,
 Nach eil gu saor aig an Uan;

Togaibh chuing-san tha aotrom,
 Agus foghlumaibh uaith;
 'S creidsin ann-s' mar Fhear-saoraidh,
 Bheir air an t-saoghail so buaidh.
 Bheir e buaidh air an fheoil doibh,
 'S togradh gorrach chlann daoine;
 Air ardan, 's air morchuis,
 'Us air na solasaibh faon;
 'S ni e 'n inntinn a threorach',
 Chum bhí beo air a ghaol;
 Ann an dochas a ghloir-s',
 Air 'n d'thug E coir dhoibh gu saor.
 'S e dochas a ghloir-se,
 Chumas beo iad 's gach cas;
 'S gus an d'theid iad thar Iordan,
 Bithidh an dochas a' fas;
 'Nuair bhios dochas an fhirean,
 Aig toirt sith aig a bhas;
 'S ann bhios dochas a chealg-fhir,
 A' dol air falbh uaith mar sgail.
 'Nuair thig a chuis gus an deuchainn,
 'S mor am feum bhios air gras;
 Mar bi na fìor nithe fein ann,
 Cha bhi feum ann an sgail;
 Ge d' bhios cealg-fheara mòr,
 A' cumail cleoc orra an traths';
 Cha d'theid a h-aon dhionnsuidh gloir dhiu',
 'Tha Iehobhah aig radh.
 Cha b' urra an t-aingidh bhí beo,
 'S an rioghachd ghloirmhor tha shuas;
 Fa'n bhiodh inntinn co feolmhor,
 Lan morchuis, 'us uail;

Cha b' e gradh bhiodh 'ga threorach',
 'S cha b' urr' e a ghloir thoirt d' an Uan;
 Cha mho thuigeadh e 'n t-oran,
 A tha na cheoil doibh 's gach uair.

Coigrich.

O, 's mithich dhuinn gluas'd,
 Agus siubhail gu luath,
 Cha bhi ar laithean ro bhuan fo n'ghrein;
 'S coigrich sinn, 'us luchd cuairt,
 'G 'iarraidh 'n duthaich tha shuas,
 Tha ar dachaidh, 's ar duais ar neimh.
 'S fasach ullartach, thruagh,
 Anns am bheil sinn ar chuairt,
 Cha'n eil fois duinn, na suaimhneas ann;
 Ach tha ar suilibh riut fein,
 Tha air neimhibh nan speur',
 Thoir oirn gu'n ruith sinn an reis gu cheann,
 'S ann air t-ainm bhios sinn luaidh,
 'S ma bhios tu leinn bheir sinn buaidh,
 Ge d' robh 'n saoghal 'g ar ruag' gu teann;
 Dh' aindeon Pharaoh, 's a shluagh,
 'Theid sinn thar a mhuir' ruadh,
 'S bheir sinn tuillidh is buaidh aig a cheann.
 'S ann a ta sin 'san uairs',
 Mar luing air a chuan,
 A' measg nan tonn a ta uabhrach, ard;
 Ach 's treis an Ti sin tha shuas,
 Na tuitlean droch shluaigh,
 'Stu a chaisgeas am fuaim 'nuair 's aill.

'S tu bheir ardan an gnuis,
 Gu tamh a ghabhail 'san uir,
 'S theid an aillteachd air cull gu leir;
 Ach do d'phobull bochd, briute,
 Bios tu fein air an cull,
 'S le do ghras ni thu'n stiuradh 's gach ceum.

O, stiur sinn le 'd ghras,
 Gus an ruig sinn an t-ait',
 Anns am bi sinn gu sabhailt beo;
 Far nach bi sinn 'gar luasg',
 A' dol thuig agus uaith',
 Mar luing air na cuaintibh mor.

Tha ar truail'achda fhin,
 A ghnath ruinne ag strìbh,
 'S aig toirt oirn a bhi sgith deth'n fheoil;
 'Us luchd aitich ar tìr,
 Nach d'dbug gradh dha ar Rìgh,
 'S ann tha'n naimhdeas a' sìor dhol a moid.

Nam b' ann 'sa bheath' so amhain,
 A bhiodh ar suil ri do shlaint,
 Is sin bu truaigh deth chach gu leir;
 Ach ma's anu thall o na bhas,
 A fhuar sinn dochas ni 's fearr,
 'S sinn is sona tha'n traths' fo n'ghreia.

'S mor ar sonas r'a luaidh,
 Seach na traillean bochd, truagh,
 Tha 'ga t-aicheadh le gluas'd mi-naomh;
 'S e sud is cainnt dhoibh gach uair,
 A Rìgh na gloir imich uainn,
 Cha'n aill leinn eolas air d'bhuaidhibh naomh.

Ach rinn thu ionmhas gu leor,
 Thasgaidh suas ann an stoir,
 Do'n dream a ghluaiseas air choir ad dheidh ;
 Dhoibhs' is fearr sud gu mor,
 Na bhi a toileach na feol',
 'S luidh sios ann am bron fa dheoidh.

B' fhearr an roghainn rinn Maois,
 Air teachd dha-san gu aois,
 Ghabh e amghair maraon ri d'shluagh ;
 Dhag e'n Eighpit, 'sa maon,
 Ma' ri solasaibh faon,
 'S chum e shuil air luach-saoraich buan.

'S ann trid amghara mor,
 Searbh do fhuil 'us do fheoil,
 Chaidh 'n dream tha 'nis ann an gloir a' seinne
 'S ma gheibh sinne d'an coir,
 Thoir dhuinn foighidin Joib,
 'S an uin' ghaoidhaid bithidh 'm bron 'nar deigh.

'Nuair a dhuilgeas sinn tair,
 Agus masladh, 's cull-chain',
 'S ge d'a bhagair iad bas bhios cruaidh ;
 Ma bhios e uile air do sgath-s',
 Bithidh ar'n aoibhneas a' fas,
 Air son gu'n d'fhuar sinn an gras so uat.

'S fearr na'n saoghails' gu leir,
 Bhi ann'n aonachd riut fein,
 Fa'n nach fag thu, 's nach treig thu chaoidh ;
 'S tu a shaoras do threud,
 Le do ghairdeanaibh treun,
 'S bheir gach aon diu' duit geill mar Righ.

'S fearr aon lath' ann do chuir,
 A' faighail sgeul air do chliu,
 Na mile latha ri sugradh baoth;
 Tha beath, slaint', agus iul,
 Ann an dealradh do ghnuis,
 'Nuair ni thu sealltainn le d'shùilibh bla,

Deonaich dhuinne', anns gach cuis,
 A bhi fantainn riut dluth,
 'S gheibh sinn neart uat as ur-gach lo,
 'S an uair bhith's peacaich gun iul,
 A' tilgeadh t-aith'nta air cul,
 Thoir dhuinn an coimhid le curam mor,

L'e briathraibh do bheil,
 Dean ar stiuradh 's gach ceum,
 Chum air seachran nach d'theid sinn uat;
 Ni e call air do threud,
 'S bheir do naimhdean-toi-bheum,
 Ma 's e 's gu'n sleamhnaich ar ceumannaibh uainn'

Cum ar n-anmanaibh beo,
 'S ann d' a t-ainm bheir sinn glòir,
 'S iad do statuin ar ceoil 's gach am;
 Gus an ruig sinn an glòir,
 'Sa 'm bheil aoibhneas gu leoir,
 'S cha bhi h-aon deth luchd doi-bheart ann,

Na cuimhnich mionaid do chach,
 Na rinn iad oirn air do sgath,
 'S ann rinn am foirneart ac' sta' do d'chlann;
 'S a reir saibhreas do ghrais,
 Dean an dùsgadh 'na thrath,
 Tha iad nan codal air bar nan crann,

Thoir dhoibh teicheadh gu luath,
 'S na h-uile leth-sgeul chuir uath,
 Dhionnsuidh 'n Ti thug a bhuaidh air a bhas;
 'S ge d' robh sinn anns an uaigh,
 Far nach cluinn sinn orr' luaidh,
 Thoir dhoibh eolas air fuaim na slaint.

An dachaigh bhuan.

AIR dhomh bhi sealltainn air saoghail truagh,
 Chi mi caochladh tighinn air gach uair;
 Chi mi daoine a' cuir an cull orm,
 'Sa dol gu dluth chum na dachaigh bhuan.

Tha sean 'us og a' dol sios d' an uaigh,
 Air lag 's air laidir tha 'm bas toirt buaidh;
 'Nuair thig an t-am dhoibh an saoghal fhagail,
 Ma 's tinn na slan iad, cha tamh iad uair.

Ach 's rabhadh mor sud do chach de'n st.shluagh,
 'S is mithich dhomhs' gun chuir fada uam;
 Tha rabhadh ann, bhi deas gu falbh as,
 Fa'n tha'n tigh talmhaidh gu tighinn a nuas.

Ach 'nuair a chi sinn, le 'r sealladh suil,
 An corp a' pilltinn a dhionnsuidh 'n uir;
 Tha 'n t-anam priseal a' dol a' ris, gus
 Am faigh e bhinne O Righ nan duil.

N sin dheibh e duais aig a chaithir mhor,
 'D'a reir mar ghluais e an tir nam beo;
 Theid e air ball 's ann a dhionnsuidh suaimhneas
 Air dheagh theid fhuadach a dhionnsuidh bron.

O! dhuine, smuanaich air so 'na thrath,
 Ma 's ann deth'n t-sluagh thu 'ta gun ghras;
 Cha'n fhac, 's cha' chuala tu nith co uamh'sach,
 Ris an t-sluagh sin a' tighinn 'na lathair.

'N lathair an De bhios na bhreitheamb mor,
 'Nuair a dh'fhoillsichear e 'na ghloir;
 Bithidh 'n dream a roighnich e deanamh eibhneis
 'S ni uile threubha na talmhainn bron.

O! anam, rannsaich nach bi thu cli,
 'S ann thig an call ort, ma theid thu'n di';
 Caillidh tu 'n solas tha 'n Righ na gloire,
 'Us air do dhoruinn cha'n fhaic thu crich.

Ach rannsaich curamach, ann an tiom,
 Dh' fheuch' am bheil thu air d' bhreith a ris;
 'S ma tha, cha churam nach dearbh do ghuilan
 Gur creatuir ur thu th'air faotainn sith.

Ach na cuir dochas am briathraibh faon,
 Ge d' fhaigh thu seoladh o chuid de' dhaon';
 A labhras moran mu thimchioll trocair,
 'S iad fein gun eolas air nithibh naomh.

A dhionnsuidh Phiobuil ruith gu luath
 Dh' fheuch am firinnich e do ghluas'd;
 'S ma their an fhirinn-sin riut gur firean thu,
 Bheir e sith dhuit nach d' thoirear uat.

Ach ma's ann cli tha thu, so an uair,
 Gu tighinn direach dhionnsuidh 'n uain;
 Dhionnsuidh 'n Ti-sin thug suas an lobairt,
 Leis am bheil sith air a toirt mu'n cuairt.

Na smuainich dail a chuit anns a chuis,
 Tha latha na slaint ag dol seachad dlu;
 'S mar bi thu trath anns an dainglineachd laidir,
 'Nuair thig am bas ort, bithidh 'n dorus duint.

'S bithidh tus a ris ann an doimhneachd truaigh,
 A' caoidh gu sìorruidh 'sna pianntaibh cruaidh;
 'S slan le solas, tha bron gun chrìoch ann,
 'S thus' a ris aig an dachaigh bhuan.

Ach m' 's firean thu thuig am fuaim,
 'S d' an d' rinneadh priseal an Ti thug buaidh;
 Tha 'g iarraidh imeachd an eum na firinn,
 'Us t-aghaidh dìreach air Sion shuas.

Cha choir dhuit fein bhì a' deanamh uail,
 Ma tha thu 'g eisteachd ri guth an Uain;
 'S ann thug e fein ort gur chreid thu 'n sgeul air,
 'S gach nì rinn feum dhuit s ann uaith fhuar.

Na h-uile cuis anns am bi ort feum,
 'S e fantuinn dluth ris, fuidh sgail a sgeith,
 Bheir ort gu 'n giulan thu h-uile cuis diubh,
 'Nuair bhith's do shuil ris na dh'fhulaing e.

'Nuair bhith's tu a' feubhadh mu Rìgh na gloir,
 A dh'fhulaing deuchainnean air gach doigh;
 Cha 'n eil trioblaid, na bron, na eigheachd ann,
 Ris nach d'fheuch e an laithean fheoil.

Sa nis ge ard e aig deas-laimh Dhe,
 Tha shuil a ghnath air a chàirdibh fein;
 Na 'n uile theanndachd tha e fo amghar,
 'Us tha e teann orr' an am gach feum.

Tha sud d' a riridh na mhisneach mhor,
 Do 'n dream tha dileas air taobh a ghloir;
 Gur e 'n Ti sin tha dhoibh na dhidean,
 A bheath' an fhirinn, agus an rod.

'Us ge d' tha chairdean an so air chuairt,
 Bheir e 'n aird iad, 'us gheibh iad duais;
 'Nuair thig am bas theid iad suas gu Pharras,
 'S bithidh iad gu brath aig ann DACHAIGH BHUAN.

An Deagh Shaighdear.

Is tric a chunnaic, 's a chi,
 Mi daoine an t-saoghail gun sith,
 Le bhi a' cogadh, 's a stri ri cheile;
 Ag iarraidh airgid 'us or,
 Ag iarraidh onar 'us gloir,
 Ge d' theid iad seachad mar neoil nan speuraibh.

Ach 's ann tha 'n saibhreas gun di,
 Aig deagh shaighdearan ios',
 Dheibh iad neart anns gach ni mar bhith's feum air;
 'S an uair a choisneas iad buaidh,
 'S mor an sonas, 's an duais,
 Gheibh iad oighreachd tha shuas 's na neimhibh.

Ma 's ann deth a shaighdearan thu,
 Feuch gu'm foillsich thu chliu,
 Fa'n tha e fein air do chull, bi treabhach;
 'Us theid thu dhachaigh le buaidh,
 Fo ard bhratach an Uain,
 Dh'aindeon feachd agus sluagh na h-Eiphit.

Ge d' robh an saoghal 's an fheoil,
 'S moran dhaoin' air do thoir,
 Agus Satan toirt ordugh geur dhoibh,
 Dh'fheuch am faidh iad thu 'n sas,
 A' cleachdadh innleachdan bais,
 Leagadh lin anns gach ait' dha do cheum'naibh.

Ach na gabh eagal gu brath,
 Tha do Rìgh air do sga'
 Thoir thus' urram, 'us gradh, 'us geill dha;
 'Us bheir e neart dhuit, 'us treoir,
 Nach dthig do naimhdean a'd' choir,
 Leis an airmeachd a sheol e fein dhuit.

Ach seas-sa daingean 's gach tiom,
 Ann an Soisgeul na sith,
 Agus crios ort dhe 'n fhirinn cheudna;
 'S gluais gu treibhdhireach, briagh,
 Ann an eagal 's ain fiamh,
 'S ni e d' bhroilleach a dhion mar uchd-eidibh.

Cum do dhochas gu teann,
 Ris a ghloir a bhios ann,
 'S ni sud, mar chlogaid, do cheann a chnudach;
 Agus creideamh nan naoimh,
 Biodh na sgiath dhuit a chaoidh,
 'S cha dthig saighd a' d' thaobh nach much e.

Deagh-lion do chridhe le stoir,
 Dhe ni is priseal nan t-or
 Focal firinn Iehobhah, 's eisd ris;
 'San uair bhios Satan ri saothair,
 Chum do tharuing a thaobh,
 Bithidh sud na chlaidheamh, da-fhaobhar gheur
 dhuit,

'Nuair bhith's tu armicht' mu 'n cuairt,
 'S ri caithris gach uair,
 Lean t-ard-cheannard gu buan, 's na treig e ;
 'San uair a chluinneas tu luaidh,
 Gu 'm bheil a bhratach dol suas,
 'S mithich dhuits' a bhi glausad, 's eiridh.

'S bithidh e na charaid ri d' thaobh,
 'S i bhratach tharad an gaol,
 Dean thus' a leanntuinn gach taohh a theid e ;
 'S ge do thuit thu 'sa bhlar,
 Gheibh thu aiseiridh 's fearr,
 'S bheir e dhachaigh gu Pharras De thu.

Na gaibhs' eagal 'san am,
 Gur aireamh bheag dibh a th' ann,
 Ann a coimeas ri camb na h-Eiphit ;
 Ma 'se 's nach brist iad 'ur rànc,
 Cha 'n fhaigh iad sibhs' ann am fànc,
 Ma bhitheas sibh dileas an ceann a cheile.

Ma bhitheas sibh dileas 'us dluth,
 Bheir bhur Rìgh dhuibh an crun,
 An uair a chi sibh a ghnuis mar tha e ;
 'S an uair thig lath' an *re-view*,
 Gheibh sibh onar 'us cliu,
 Nach d' theid tuillidh air cull gu brath dhuibh.

'Nuair thig Caiptean 'ur slaint',
 Bithidh sud agaibh na lathair,
 Gloir, 'us onar, 'us *fabhar* siorruidh ;
 'Nuair bhitheas na creutuirean baoth.
 Nach do gheill dha na thra,
 Air an ioman gu brath as fhianius.

Ge d' chuir e sgail air a ghloir,
 'Nuair ghabh e fuil agus feoil,
 Thig e fathasd le moran eibhneis ;
 Thig e fathasd mar Rìgh,
 Le dheich mìtibh dhe naomh,
 'S cha bhi rioghachd, no rìgh, nach geill dha.

An Turus.

'S iomadh mulad 'us bron,
 Bha 'n cois mo thuruis chum gloir,
 A fhuar mi milis ri 'n ol, 'us searbh ;
 Ach 's tus', Ard-Rìgh na gloir,
 A thug nach d' fhailnich mo threoir,
 Fa 'n bha t-fhabhar dhomh mor gu dearbh.

Fhuar mi aoibhneas gu leoir,
 'Us laithean soillear, gun neoil,
 Le bhi fantuinn a' d' choir a' gluas'd ;
 Ach se 'm peac' thug orm bron,
 'Us ciochan seasg bhi 'g an deothal,
 'S iad sud bha seasamh, mar neoil, mu m' cluairt.

Air dhomh sealltuinn san am,
 Air mo shlighibh 'sa ghleann,
 'S air na ceumannaibh cam anns na ghluais ;
 Bheir so eolas dhomh ann,
 Nach eil do throcairean gann,
 'S gu 'n chomhnuich thu teann gus an uairs'.

Fhuar thu 'n toiseach mi 'm thrail,
 Aig a pheac', 's aig a bhas,
 Leanabh feirg', mar bha cach de 'n t-sluagh ;

Aig mo naimhdibh an sas,
 Ann an ceangluichibh bais,
 'S iad 'ga m' mhealladh gach lath' gu truagh.

Ach fa'n a ruinich thu, Rhigh,
 Nach rachainns' an di,
 Ghlachd thu greim dhìom, 'us mi air a bhruaich;
 'S air dhuit sgaoladh an lìn,
 'S ann fhuar mi saors', agus sith,
 'S thionndaidh m' aghaidh air SION shuas.

Bu bheag m' eolas san am,
 Ach 's tu bu chomhnadh dhòmh ann,
 'Ga mo threorach' trid ghleann nan deoir;
 'S mur bhith gu 'n ghreas thu mi teann,
 'Nuair bhithinn leisg agus fann,
 Cha robh mo shiubhal ach mall 'san ród.

'S e dh'fhag mo shiubhal co mall,
 'S iomadh leomhan a bh' ann,
 A' seasamh romham mar bheanitan buan;
 Ach le do leantuins' gu teann,
 Chunnaic mis' aig a cheann,
 Nach b' e 'n leomhan a bh' ann, ach an t-UAN.

'Nuair a shiubh' linn da cheum,
 'Us mo shuile riut fein,
 Bhiodh an t-slighe dhòmh rei' dol suas;
 An sin bhithinn gu treun,
 'S bhiodh mo chridhe riùm reidh,
 'Us thairneadh sud mi gu ceum'naibh luath.

Thairneadh sud mi gu ceol,
 Le bhi 'faicinn do ghloir,
 'Nuair a sgapadh na neoil, le 'n gruaim;

'S le bhi 'faicinn do ghaoil,
 A' deanamh taic' dhomh gach taobh,
 Bha mi 'faicinn 's a' faotainn buaidh.

'S mis' a dh' aithnich mu thra,
 'S fhuar mi faireach', no dha,
 Gur tu caraid a b' fhearr a bh' ann ;
 Gach neach 'srta chuir mi mo dhuil,
 Fhuar mi e mar chuile bhruit',
 'S togaidh mise mo shuil chum nam beann.

'S bithidh mi 'g urnuigh riut fein,
 Oir tha mo naimhdean ro threun,
 'S tha iad uile gu leir air mo thoir ;
 Cuid mar leomhain' toirt bheuc,
 S cuid ri miodal le 'm beul,
 S cuid 'g am folach fo sge' mo chleaic.

Ach fa'n tha deuchainnean ann,
 Mar a dh' fheuch thu da d' chlann,
 Na treig mi gu ceann an roid ;
 Fa'n nach fhaic mi san am,
 Am bheil mi faisg air a cheann,
 No 'm bi mi fad ann an gleann nan deoir.

Ma 's e thachair a'd' run,
 Gu'n d'theid mi dhachaigh gu dluth,
 Dhionnsuidh fois ann an uine ghearr ;
 Cumsa caithriseach mi,
 Chum 's gu 'n inich mi 'n sith ;
 S e bhi maille ri Ios' is fearr.

Ach ma 's e so th' ann do run,
 Gur eiginn fuireach car uin',
 Bi fein air an stiur'ga m' sheol' ;

'S cha bhi h-ataireach tonn,
 Air nach marcaich mo' long,
 'S thig mi thir, 's ann air fonn do ghloin.

Ma tha e feumal dhomh tamh,
 'Us cuan de dheuchainnibh shnambh,
 Deonuich pailteas dhe' d' ghras gun di;
 Le spiorad Urnuigh gun dail,
 Chum nach teichinn o' d' lathair,
 Mar rinn Ionah' nuair cha e cli.

Na leig ormsa gu brath,
 Ni bheir oilbheum, no bas,
 Air neach idir thug gradh dha' ni UAN;
 No ni bheir misneach do chach,
 Dol air 'n aghaidh gu dan',
 Gus an coinnich iad bas 'us uaigh.

'S ma bhios roinnean gun fheum,
 'Measg na cloinn' is leat fein,
 'S iad le 'n doille, 's le 'n eud, toirt claidh;
 Bacadh aonachd a cheil,
 Sgapadh caoraich do threud,
 Ris an dubhairt thu fein do naoimh.

Deonuich dhoms' a bhi reidh,
 Ri luchd t-eolais gu leir,
 Ma tha 'n dochas a reir do shlaint';
 'S cum mi ciallach 's gach ni,
 Chum 's nach meudaich mi 'n stri;
 'S e bhi deanamh na sith is fearr.

'S ann o aonachd 'us sith,
 'Gheibh sinn aoibhneas gun di,
 'S bhios t-oighreachds' a' sior thoirt buaidh;

'S e bhios taitneach, maraon,
 'S e bhios dearbhte do dhaoin',
 'S e dh'fheuchas do ghaol do 'n t-sluagh.

O, na treig mi 'sa chuis-s',
 Ach dean fein dhomh an t-iul,
 'S cum mi iriosal, ciun, mar bu choir;
 'S pill mo Shuile o shannt,
 'S o gach curam a t' ann,
 'S tric a chiur iad do chlann, 's a leon.

Fa 'n tha curam gun sta,
 'Teannadh dlu rium gach la,
 Cum mo shuil ris an Ard-Rhìgh mhoir;
 Bheir air na lile bhi 'fas,
 Anns a mhachair fo bhla',
 'S cha robh Solamh co aillt' ann na ghloir.

Chi mi eunlaith nan sliabh,
 Nach saoraich, 's nach sniomh,
 'S iad eudaicht gu sgiamhach, bla';
 'S ge d' nach taisg iad an loin,
 'S nach eil aca tigh-stoir,
 Gheibh iad pailteas gu leor o d' lamh.

Fa'n 's e do churams' is fearr,
 Tarruing dlu mi le d' ghradh,
 'S bithidh mi 'n duil riut gu brath nach treig;
 'S teichidh curam is cradh,
 'S bheir iad umhlachd dha d' ghradh,
 Air dhomh suil thoirt air aird, 's a leud.

B' e sud dochas gach aon,
 A fhuar eolas do ghaoil,
 'S e bu cheol doibh gradh-saoraidh 'n UAIN;

'S ge d' bha iad beo air a ghaol,
 'S ge d' dh'ol iad dheth taom,
 'S leoir na th'ann, cha do thraogh iad an cuan.

'S ma bhios m' inntinns ag tamh,
 Ann an innleachd na slaint,
 Gus an crìochnaich mo la le buaidh;
 Theid mo thogail do 'n ait,
 'Sam bheil tobar na slaint,
 O'm bheil na struthana bla' teachd a nuas.

'S bithidh mo dhachaigh 'sa ghloir,
 'S nach d'theid bac' air mo cheol;
 Gheibh mi cupan ri ol gu cian,
 'Sam bi m' fhior-uisge beo,
 Thig o'n Rìgh-chathair mhoir,
 'S cha d'theid a mheasgadh le bron feadh gach ial.

Garadh Edein.

NAÈH truagh libhse mar dheirich,
 An garadh Edein do 'n t-sluagh;
 Le cuilbheartan Shatain,
 'Mheall Ev' agus Adhamh,
 Chum umhlachd thoirt dhasan,
 An aghaidh Ard-Rìgh nan sluagh;
 'S thug sud doruinn 's gach ait dhoibh,
 'S fhuar am bàs orra buaidh.

Thug e'n naomhachd, 's an gloir dhiu,
 Thug 's an eolas, 's an iul;
 'S ge d' bu mhor an cuid solais,
 Chail iads' an sin coir air,

Bha cheartas an toir orr',
 'S chaidh a throcair air cul;
 'S mar dthigeadh slanuigh-fhear gloirmhor,
 Bu ro bhronach 'ar duil.

Ach thanaig sgeul aoibhinn
 A chum nam braghdean bha 'n sas;
 Thanais Iosa, le solas,
 Chum an saoradh o 'n doriunn,
 'S fa'n'sheas e an coir dhoibh,
 Cha Eis' leonadh nan aits';
 'S tha firinn 'us trocair
 Air comhlachadh 'na bhas.

Nach aoibhinn an sgeula
 Tha 'ga leubhadh do 'n t-sluagh?
 Gu'n dthug Iosa lan-dioladh
 A thug do cheartas sar-riarach',
 'S le firinntachd shioruidh,
 Gu'n dthug e sithchaint mu'n cuairt;
 'S fa 'n a phaidh e na fiachan,
 Co ris dhiarras feich uainn?

'S an dream a chreideas an fhirinn,
 Bheir e ris iad o 'n truaigh;
 Bheir e solas 'us sith dhoibh,
 'S bheir e dochas a ris dhoibh,
 Ris a ghloir tho neo-chriochnach,
 Anns an rioghachd tha shuas;
 'S bithidh na creatairean naomh sin,
 Do 'n Fhear-shaoraidh mar dhuais.

Sibhs' a chreid an sgeul aoibhinn,
 'S a rinn e saibhir le ghras;
 Feuch gu 'n gluais sibh gu dilis,
 Anns gach ceum mar rinn Iosa,

Mar is cubhaidh do 'n fhirinn,
 'S do rioghachd a ghraís ;
 Ann an eud, 's ann an naomhachd,
 Ann an aonachd, 's an gradh.

Na biodh mi-run, no farmad,
 Na biodh seachas gun bhrìgh ;
 Na biodh diteadh gun dearbhadh,
 'S na biodh stri, no eud searbh ann
 A measg nam firean a ta 'g aimnach',
 Gu'n d'fhuar an anamanna sìth ;
 'S biodh an teo-chridheachd cairdeal,
 Le gradh brath'real 's gach tiom.

Ge do tha sibh 'san trath-sa,
 Ann am fasaich bhochd, fhuar ;
 Air bhur cuartach' le trioblaid,
 'S am peacadh ag stri ribh,
 Ma 's e 's gu 'n gleac sibh gu dilis
 Trid Ios' bheir sibh buaidh ;
 'S an uair a thig e chum slainte,
 Ni sibh gairdeachas bhuan.

Ni sibh gairdeachas shiorruidh,
 'Nuair thig Ios' ann na ghloir ;
 Bithidh a ghnuis mar a ghrian dhuibh,
 Mar mhaduinn chiun an deigh sianntan,
 Theid bhur dusgadh 'na iomhaighs',
 'S bithidh sibh sgianthach gu leor ;
 As eugais peacaidh, no truail'eachd,
 Theid sibh suas ann na chomh'ail.

'Nuair thig e ris bheir e 'shluagh leis,
 Dhionnsuidh suaimhneas 'us gloir ;
 A mheud 's a luidh anns an uaigh dhiu',
 S an dream a choidil 'sa chuan diu',

Bheir e o'n deas 'us o'n tuath iad,
 'S theid iad suas air na neoil;
 'N sin slan le truail'eachd, 's mi-naomhachd,
 'N sin slan le saoghals' nan deoir.

'Nuair a shuidheas an Ti ud,
 Air a Rìgh-chathair mhor,
 'S thig gach creatuir 'na fhianuis,
 A dh'fhaighil reir 's mar bhà 'n gnìomh'ra,
 Thig talamh 's neamh a' thoirt fianuis,
 Gur ceart a riaghlas e 'n slogh;
 'Nuair ni e 'n t-àingidh a dhiteadh,
 'Sa bheir e 'm firean chum gloir.

'N sin dheibh na firinnich fabhar,
 Ann an lathar an t-sluaigh;
 'Nuair their iads', so ar slanuigh-fhear,
 'N sin, cha dean eis aon diubhs'aicheadh,
 Their e riu, sibhs' mo bhrathairean,
 Sibhs' mo chairdean, 's mo shluagh;
 Siubhlaibh dhionnsaidh na h-oighreachd,
 Anns a bheil aoibhneis bhì-bhuan.

An sin bithidh iads' air an tearnadh,
 O gach bas, 'us o'n uaigh;
 Siubhlaidh iad le luath-ghàire,
 'S iad neo-thruaillidh, 's neo-bhasmhor,
 Theid iad gu luath dhionnsuidh 'n arois,
 Anns a bheil lathaireachd an UAIN;
 'S bithidh iad a' seinn an sgeul aoibhinn,
 A shaor na braighdean o'n truaigh.

Oran Gaoil.

TOGAIBH, naomhaidh, luath-ghaire,
 Deanaibh gairdeachas ur;
 Fa'n fhuar sibh bhi 'm fabhar,
 Ri Ard-Rìgh nan duil;
 Fa'n shaor e o'n' bhas sibh,
 'S o'n' traillachd bu mho;
 'S gu'n d' rinn e sgiamhach le shlaint sibh,
 Thugaibh dhasan an cliu.

Na 'm b' e 's gu'n i b' urrainn mi cainnt' air,
 Thug e gradh dhuibh bhà mor;
 Chaidh e seachad air Ainglibh;
 'Nuair a chail iad an glòir;
 'S ghabh e greim de' shìol' Abr'aim,
 Chum 's gu'n tearnt iad leis beo;
 'S rinn e sgiamhach le shlaint iad,
 Fa'n bha ghradh dhoibh co imor.

So an gradh tha gun samhladh,
 'S nach do rannsaich neach riàmh;
 Cha b' e cairdean, ach naimhdean,
 Ann an caint 's ann an gnìomh;
 Cha b' e dream a bhà araidh,
 Ach na trailleàn nach b' fhiach;
 A rinn e sgiamhach le shlainte,
 Fa'n bha ghras dhoibh co fial.

Ma 's neach thu th'air do naomh'chadh,
 Faic a ghaol tha gun cheann;
 'Nuair chaidh fhoilseach' 'san t-saoghails',
 'S e t-fhear-saoraidh a bh' ann;

Ma 'n d'fheud e do thearnadh,
 Fhuar e 'm bas air a chrann ;
 'S fa'n rinn e sgiamhach le shlaint thu,
 Thoir do ghradh dha 's gach am.

Feuch gu'n lean thu a cheum'na,
 Mar rinn Enoch 'us Poll ;
 'S na h-uile h-aon a thug Speis dha,
 Cha b' ann dhoibh fein bha iad beo ;
 Cha sgaradh beatha, no bas iad,
 O Ard-Rìgh no gloir ;
 'S gu'n d' rinn e sgiamhach le shlaint iad
 Fa'n bha ghradh dhoibh co mor.

'S e thuirt an te a fhuar-cinnt air,
 'S a bha 'ga innseadh gu saor ;
 Sgapaibh ubhlan mu m' thimchioll,
 Oir tha mi tinn-'s ann le gaol ;
 Tha mo chridhe air failiung,
 Fa'n bha ghras dhomh co saor ;
 'S gu'n d' rinn e sgiamhach le shlaint me—
 Is e mo Shlanuigh-fhear caomh.

'S e thuirt nigheana 'n t-saoghails',
 Ma 's e gaol thug ort buaidh ;
 Innis dhuinne ciod 'n t-aobhar,
 Ma 'm bheil do ghaol dha co buan ;
 Chunnaic sinn' e 'san fhasaich,
 'S e bu taireal de 'n t-sluagh ;
 Cha robh sgiamh ann, no ailteachd,
 'S ghabh e tamh anns an uaigh.

O ! nigheana gaolach,
 'S ann na aoduinns' bha ghloir ;
 'S e dh' fhag sibhse gun speis da,
 Nach bu leir dhiubh fo n' chleoc ;

'Nuair a gabh e 'nar naduir,
Thug sud sgail air a ghloir;
Ach chunnaic mis' e na b' sgiamhaich,
No ghrian troimh na neoil.

Chunnaic sibhs' e gu taireal,
'S e dol gu tamh anns an Uaigh;
Ach chunnaic mis' e ag eiridh,
S ann aig fein a bha bhuaigh;
'Chunnaic mis' e gu gloirmhor,
Air na neoil a' dol suas;
'S ann air deas-lamh na morachd,
A tha e chomhnuidh gu buan.

'S maisich e na clann-daoine,
Ann an naomhachd gu mor;
'S ann dha tha ainglean ag aoradh,
'S lion e 'n saoghal le 'ghloir;
Fhuar mi beath' agus sithchaint,
Ann am firinn a bheoil;
'S e mo ghradhsa RIGH SHIOIN,
'S tha 'n l-slait rioghal no dhorn.

Mus an d'fhag se an tir so,
Bha e firinneach leam;
'S fhuair mi chomhairlean dilis,
'S iomadh ni thuit e rium;
Fhuar mi gheallana priseal,
Na 'm bithinn dilis gach am;
'S tha mo dhochas as fhirinn,
Is e mo Righ e, 's mo cheann.

Thuit e rium, tha thu 'n saoghail;
A bhitheas ri caochladh gach uair;
Feuch nach meall iad do ghaol uam,
'S mis' a shaor thu o'n truaigh;

'S mis' a cheannuich o'n bhas' thu,
 'S daor a phaigh mi do luach;
 'S ma bheir thu umhlachd 'us gradh dhomh,
 Sud a mhain na bheil uam.

Ge do tha mi 'ga d' fhagail,
 Anns an fhasaich air chuairt;
 Tha mi 'g ullachadh ait dhuit,
 Anns an aros tha shuas;
 'S ge d' robh trioblaidean craiteach,
 'Ga do sharach' car uair;
 Le ainglibh ma latharachds',
 Bheir mi tearuintt thu suas.

Tha mi 'g innse sud trath dhuit,
 'S ann is fearr bheir thu buadh;
 Gu 'm bheil feirg air an Dragon,
 Fa 'n ghradhaich thu an-t-uan;
 'S gheibh thu diumb' o do chairdibh,
 Ach gheibh thu gairdeachas uams';
 'S bith'-s' ri caithris 'us urnuigh,
 Gus an turluing mi 'nuas.

O Shlanuigh-fhear Ghrasmhor!
 'S Tu is fearr dhomh tha beo;
 'S an uair a chuimhn'eas mi t-fabhar
 Tha m' aobhar gairdeachais mor;
 'S cha'n e idir bhi taireal,
 Air do sgaths' rinn mo leon;
 Ach 's e mo ghiulan mi-rianail,
 Is tric a mheudaich mo bhron.

'S e mo pheaca 's m' eas-umhlachd,
 A d'fhag bruite mi chaoidh;
 'S gur ann a' leighis mo chreuchdan,
 A cheus iad mo Righ;

Cha t-fhoil phriseal a 'thaomadh,
 Air son gach aon de' do naoimh ;
 'S e sud an gaol rinn mo chiuradh ;
 'Us rinn do shuilean mo chlaoidh.
 Ach fa'n dh'fheuch thu do ghradh dhomh,
 Na fagsa mi a chaidh ;
 Gus am faic mi 'na d' ghloir thu,
 'S cha bhi bron ann, na caoidh ;
 'S an uair a thig an lath' mor sin,
 'Us saors' ghloirmhor do naoimh ;
 Bithidh mis a' deasach' mo lochran,
 Gu dol an comhdhail mo RIGH.

Truaigh Shioruidh.

'S tric a smuainich mi, chairdean,
 Na'n rachadh agam air dan a chuir sios,
 Gur ann air uamhas an Aird Righ,
 Agus saibhreas a ghrais th'ann an Criosd ;
 Dh' fheuch' an duisgeadh e aireamh,
 Dhe'n dream tha 'n codal aig Satan 'na lin ;
 Tha 'g eigheach Sith agus tearr'nnteachd,
 'S iad an cunnart gach la dhol an di.
 Ach tha mi faicinn mu thrath dheth,
 Mur d'thig cumhachd o'n aird oirn' a nuas ;
 Gu'm fuirich iad mar a tha iad,
 'S nach bi h-aon diu gu brath air an gluas'd ;
 'Nuair tha neart agus slaint ac',
 Cha'n eil cuimhn' ac' air bas, no air truaigh ;
 'S 'nuair tha na nithibhs' 'ga'm fagail,
 'S ann tha 'n cridh' do ghnath dol ni 's cruaidh.

O, a dhuine gun eolas,
 'Tha cuir cul ri Jehobhah, 's ri' reachd ;
 'N anns an t-saoghail, no'n storais,
 No 'n ann an aidheir na h-oig' tha do thlachd ;
 Ma 's ann tha t-inntinnse feolmhor,
 'S tha thu fathast an domblas do pheac' ;
 'S ma thig am bas air an doighs ort,
 'S eiginn duits' a bhi 'n doruinn gu beachd.

No 'n e coslas an diathachd,
 Air 'n do shocraich thu t-iarrtais gu leir ;
 A' fenchainn sgail ann am briathraibh,
 'S gun a chumhachd bhi riamh ort de reir ;
 Mar d'rinn eolas na firinn,
 Do thoirt a dhionnsuidh fuil phriseal mhic Dhe ;
 Co fhad' 's is leir dhomh am Piobul,
 'S ann tha do thaice ri t-firinnteachd fein.

'S ma ghoideas am bas ort,
 Bheir e sios thu do'n ait 'sam bheil caoidh ;
 'S co dhinnseas do charamh,
 Far nach dthig furtachd gu brath ort, na faoidh ;
 Mur d'fhuar thu gairdean co laidir,
 'S nach dean cumhachd an Ard-Righ do chlaoidh ;
 'S coir dhuit smuaineach' 'na thrath air,
 'S aobhair uamhais am bas dha na daoibh.

Smuanaich thus' air an truaigh,
 Tha feithidh air an t-sluagh tha dol sios,
 A dhionnsuidh 'n doruinn bhith-bhuan sin,
 'S dhoibh tuillidh cha dual thighin a nios ;
 Na'm b' e 's gu'n tuigeadh tu'n caramh,
 Thoir leam gu'n eigheadh tu os aird, gun bhi sgith ;
 Aig radh, fheara, 's a bhraithre,
 Ciod an doigh air an sabhalar mi ?

Na'm b'e 's gu'n tuigeadh tu trian—
 Dhe n' tha ri fhulang de phian, 'us de bhron,
 Anns an t-slochd tha gun iochdair,
 Fo chorruidh an Dia sin tha mor ;
 Cumaidh chumhachd neo-chriochnach,
 Anns na lasraichibh dian sin thu beo ;
 Ge d' robh deatach am piantan,
 'G eiridh suas ann gu siorruidh mar cheo.

Dhionnsuidh 'n dorchadas shiorruidhs',
 Cha dthig solas, na grian ann gu brath ;
 'S cha 'n eil solas ri iarraidh,
 Ach guil, 'us giasgan air fiaclaibh do gnath ;
 Cha bhi aithir, na ceol ann,
 'S cha bhi h-aon ann bheir solas do chach ;
 'S cha bhi duil ann ri trocair,
 Ach guil, 'us caoidh, agus bron feadh gach al.

Is searbh an deoch tha ri h-ol,
 Aig 'n dream a bhasaich gun eolas air Dia ;
 Cuan feirg tha gun trocair,
 Teine, pronnasc, 's storm mhor dhiubh, gun dion ;
 'Nuair thig na nithe sin comhluath,
 Bhios nan tonnanna beo feadh gach ial ;
 Gheibh iad sud mar an *portion*—
 Lan cup dheth, 's gur leor dhoibh a mheud.

Ge bochd an gearan, 's ge truagh e,
 Anns a chuan sin nach fauraich ni 'smo,
 Righ nan duil cha ghabh truas dhiubh ;
 'S e sud a gheall E mar dhuais dhoibh o thus ;
 Thuirt luchd nan cridheachan uabhrach,
 Co an Dia bheir a nuas sinn' do'n uir ?
 An Ti th'air neamh bheir E buaidh orr',
 'S ni E 'n ioman, 'sam fuadach o ghnuis.

Ma 's iad briathra na firinn,
 A tha mi nis air cuir sios ann mo dhan ;
 'S ann tha 'n druidheachd da riridh,
 Air 'n neach nach seall ann an tiom air son slainte ;
 Tha na laithean ro phriseal,
 Ag caithidh seachad, bheir sios iad gun dail ;
 'Us chi iads aig a chriche,
 Gu'm bi chuis mar tha 'm Piobull ag radh.

Ach a nis, gu co-dhunadh,
 Bheiream comhairl' le durachd 's le gradh ;
 Do'n dream tha fuirich gun churam,
 Anns an t-slighe do'n duchas am bas ;
 Iad a philltinn gu dlu aist',
 Dhionnsuidh Ios', o n' se Ughdar na slaint' ;
 'S Eis a dhol anns a chupan,
 Meud an doruinn nach giulanadh cach.

S an dream a chuireas an duil ann,
 Agus aig a bheil suil ris chum slaint' ;
 Rinn e 'm peacadh a ghiulan,
 'S thug e diolladh le umhlachd chum bais ;
 'S air a mheud 's da'n dthig dlu dha,
 Cha chuir e uaith iad, 's cha dhiult iad le tair ;
 'S ann 'n ni e'n saoradh o'n doruinn,
 'S bithidh gach aon diubh toir gloir dha gu brath.

Staid Naduir.

'S e dhinnis Dia na firinn duinn,
 Mar beirt' a ris an sluagh,
 Nach fheud iad dol d'a rioghachdsan,
 'S tha sud na firinn bhuan ;

Mar bi iad air an naomhachadh,
 Cha 'n fheud iad a dhol suas,
 A dhionnsuidh 'n arois sholasaich,
 Anns a bheil glóir an U^AIN.

S. ma tha mi a' cuir mo sheula ris,
 Gur eiginn da bhi fíor,
 'S coir dhomh an coir a leabhadh dhoibh,
 O fhocal De 'ta sgriobt';
 'Us ge d' dhiult iad easdachd ris,
 No geill a thoirt do'n Rìgh,
 Gu cinnteach 's comhar' bronach é,
 Mar doirt mi 'mach mo chridh.

'S e chuimhnich ban-rìghinn Ester dhomh,
 Aon dleasnas a bha fíor,
 Cha'n fheudadh i bhi suaimhneach,
 'Us an sluagh bhi dol an di';
 'S le trosg' 's le urniugh bhuaidhaich i,
 'Us fhuar i runi a cridh;
 'S cha d' sguir i dh'iarraidh fabhar—
 Gus an d' fhuar iad fainne an Rìgh.

O! ma ta, dean trocair oirnn',
 Oir 's bronach coir 'nar tìr,
 Tha 'n sluagh a dhiobhail eolas—
 Air Jehobhah, tha na Rìgh;
 'S tha blath na h-inntinn fheolmhor,
 'G inns' an stoir a th'ann sa chridh',
 Deth tharchuis air a mhorachdsan,
 Ge bronach bhi 'ga inns'.

Tha bereugan 'us cul-chaineadh ann,
 'Us mionnan laidir, mor,
 'S tha morchuis agus ardan ann,
 'Us grainealachd gu leor;

'S tha fanaid air luchd-crabhaidh ann—
 Air teachd gu airde mhor,
 'S mhi-naomhaich iad do shaibaidean,
 O Rìgh 'is airde gloir!

Ach sud an ni tha nadurach,
 Do 'n aireamh tha mi luaidh,
 Thuit iad ann an Adhamh,
 'Us tha 'm bas air faodainn buaidh ;
 'S leum iad thair a gharadh ud,
 Rinn Satan chuir mu'n cuairt,
 Mar brist thu le do ghrasaibh air,
 'S, O ! thig gun dail a nuas.

O ! cuimhnich, ann do thruacantachd,
 Gum bheil an sluagh gun treor,
 'S iad marbh am peac' 's an eaceartaibh,
 Gu leir o laithibh 'n oig';
 'S mar gairm thu iad gu h-eifeachdach,
 Cha 'n eirich iad ni' 's mo,
 'S mar cuir thu fein gu gluasad iad,
 Cha dual doibh a thighinn beo.

O ! seall a nuas gu grad oirnne,
 'Tha'n sluagh nan codail trom,
 'S aig brudair iad bhi ailleasach.
 Air aite sleamhainn, lom ;
 Air bruach a chuain a bhathas iad,
 Ma dh'fhailnicheas am bonn,
 'S mar saor thu, Rìgh nan duil iad,
 Bithidh 'n dusgadh 'measg nan tonn.

Ach 's caoraich chailt' air seach'ran iad,
 Mar neach bhiodh ann an ceo,
 'S fiadh-bheathachan na macharach,
 Gle ocrach air an toir ;

'S mar dean an t-Ard Bhuachaill sin,
 An cuartach' do na chro,
 'S e 'm bas an ni is dualaich dhoibh,
 'S iad smuanach' a bhi beo.

Is mic shruitheal da riri iad,
 A rinn an ditheach' fein,
 'S a chaith a' maon le striopachas,
 'Us iad air dhiobhail ceill;
 Ach O! cuir Thus gu rannsach' iad,
 Mu'n ruig iad ceann an reis,
 'Us o gach seach'ran ceansaich iad,
 Gu bhi nan clann dhuit fein.

Ach 's cnamhan tioram, fann iad,
 Tha na'n luidh 'n gleann nan deoir,
 'S an uair bhios neach aig sealltuinn riu,
 Cha gheall iad a thighinn beo;
 Ach ma thig an fhaidhdearachd,
 Le gras an spioraid bheo,
 Bithidh farum 'measg nan cnamhan sin,
 'Fighinn blath le fuil 's le feoil.

'S e clann na feirg, fuidh 'n diteadh,
 Their an fhirinn riu gu dearbh;
 Tha mallachdan a Phiobuill oirbh,
 'S iad sgriobht' le bagradh garbh;
 'S i sud an staid tha doruinneach,
 Bhi mallaicht beo 'us marbh,
 'S mur saor Thu 'Righ o'n diteadh iad,
 Gu cinnt' bithidh chrich dhoibh searbh.

Ach cia mar dhiarrain trocair dhoibh?
 Mar leor na chuir mi sios,
 Is naimhdean da do ghloirs' iad,
 Tha cuir t-orduigh'n an neo-bhriogh;

Cha 'n eil an cridh' an toir ort,
 'G iarraidh eolas air do shligh,
 'S mar Shagairt dhoibh cha'n aill leo Thu,
 Bhi t-Fhaidh, no do Righ.

Ach so an t-aobhair gairdeachais,
 Gur h-aon ro ghrasmhor thu,
 'Ni trocair 'nuar is aill leit—
 Air an aireamh thann do run ;
 'S cha leir dhomh h-aon co graineal,
 Nach fhaod gras an tarruing dluth,
 'S bheir eolas air an t-shlanuigh-fhear,
 Dhoibh beath', slaint', 'us iul.

Tha farsaingeachd 'us eifeachd,
 Anns an eiric chaidh thoirt suas,
 A dh'fhosgail doras reidh—
 Do gach creatuir ata gluas'd ;
 Ge d' bhitheadh iad co aingidh,
 Ris na h-aighlean thuit gu truagh,
 Ma tha naduir dhaoin' aca,
 Tha saors' am fuil an UAIN.

Tha fuil na h-iobairt reitich sin,
 Aig eigheachd air son sith,
 Do gach aon a dheisdeas ris,
 'S a gheilleas dha mar Righ ;
 Ge d' bhiodh mile saoghail ann,
 Cha dtheid a h-aon diu 'n di,
 Ma bhios iad air am faodainn—
 Air an aonachadh ri Criosd.

O! ma 'ta, gabh truas dhinn,
 'S thoir thus' an sluagh gu geill,
 'Us ionnlad ann 'sa chuan sin iad,
 O 'n truailleachdaibh gu leir ;

'S bithidh mheud 'sa rinn thu trocair orr',
 Na h-oran nuadh nam beul,
 'S bithidh iad nan cruitheachd ur dhuit,
 Bithheas a' seinn do chliu gach re.—

A CHRIOCH.

